

Candidate 2

Assignment writing title: An Caraid as fheàrr

Obair shònraichte-sgrìobhadh - tiotal:

An Caraid as fheàrr

Tha iad ag radh gur e madadh-allaidh a bh'ann ach thàinig e a-staigh dhan teine far an robh na daoine ann an linn na cloiche. Bho nuairsin tha e air a bhith nar lùib agus cha b'urrainn dhuinn a bhith as aonais. Cò? An Cù.

Tha e a'nochdadh tric ann an eachdraidh, ann an dealbhan a rinn ar sinnsearan ann an uamhan, anns an Eipheit aig àm na Pharaohs, aig na Romanaich agus na Ceiltich.

Tha tòrr sgeulachdan mu dheidhinn mar am fear mù Bran agus Sceolan, an dà chù aig Fionn a bha cho glic, cho math air sealg agus sabaid. Thionndaidh ban-sidhe am màthair gu bhith na cù. Mar sin 'se leth dhaoine agus leth choin a bh'annta. (Bhiodh seo furasta a chreidsinn an an dòigh nuair a smaoinichas tu air na rudan iongantach as urrainn cù a dhèanamh aig amannan.)

Tha coin an còmhnaidh a'nochdadh ann an leabhraichean agus filmichean bho 'Hound of the Baskervilles' gu 'Scooby-Doo'.

a'cumail ann am biadh, cunntasan a bheat agus rudan eile.

Dè na rudan a tha an cù a'dèanamh dhuinn gu bheil sinn cho measail sin air? Seallaidh mi dhut mar a tha e gar dìon, gar cuideachadh agus mar nach fhaigh thu caraid nas fheàrr.

O chionn ghoirid fhuair mi fhein cù as deidh bliadhnaichean a'strì airson fear fhaighinn. Bha cù aig a h-uile duine eile is bha spòrs aca còmhla. Carson nach fhaighinnsa fear? Ghèill mo mhàthair mu dheireadh thall agus tha an cù air a dhèanamh fhein aig an taigh anis. 'S e terrier Èireannach a th'ann agus abair gu bheil e beòthail.

Chan eil e ro bheag no ro mhòr - suas gu do ghluin. Tha e ruadh, tha feusag air, tha na cluasan aige a tuiteam sìos dhan aghaidh agus tha fiaclan mòra is biorach aige. Thà sròn fhada air a bhios e a' putadh a-steach dhan a h-uile càil. Tha na suilean aige donn is iad an còmhnaidh a' coimhead a-mach airson cothrom cluich. Bidh e a' leum mar bradan, a'ruith mar peilear, a'còmhartaich agus a'cadal tòrr dhen àm. Bidh earball a' seasamh an àrd gu math dìreach. Tha e an còmhnaidh toilichte d'fhaicinn. Bheir e fàilte mhòr dhut.

Tha thu a' tuigsinn gur e peata a th'ann ach b' àbhaist iad ag radh mun seòrsa cù a tha seo gur e 'cù-faire a th'ann dhan duine bochd, gur e caraid a th'ann dhan tuathanach agus gur e an cù as fhèarr leis an duine uaisle.' Mar sin dhèanadh e obair dhan a h-uile duine.

Chan fheum an cù agad a bhith mar peata. Bidh tòrr dhiubh air an cleachdadh airson a'cuideachadh le obair .Mar eisimpleir, bidh cù-chaorach a'cruinneachadh na caoraich gu tric air croitean anns a' Ghàidhealtachd. Cuideachd bidh cù a'cuideachadh le daoine a bhios a'sealg bhon a tha iad luath agus leanaidh iad fàileadh cho math.

Tha liosta mòr de obraichean aig an cù oir tha e gu math cuideachail air sgath 's gu bheil na mothàichean aige gu math laidir agus tha e gu math lùthmhor . Tha a shròn mìle uiread nas laidire na tha againn. Bidh e a'cleachdadh a shròn airson a' bhith a lorg rudan. Bidh sgioba teasargainn a'cleachdadh cù nuair a tha cuideigin air chall air a' bheinn, agus bidh am poileas ga chleachdadh a' lorg drogaichean a tha air am falach.

Tha coin gu math feumail airson tòrr rudan anns a' choimhearsnachd. 'Surrainn dhut cù treanadh a bhith cuideachadh daoine a tha dall, gan stiùireadh air falbh bho cunnart.

Bha tòrr choin air a chleachdadh aig `àm a chiad chogaidh airson diofar obraichean. Bha feadhainn air a chleachdadh airson dìon le bhith a'leigeil fios do na saighdearan le bhith a'dèanamh fuaim neo a'comhartaich nuair a bhiodh cuideigin faisg orra. Air sgàth's gun robh e doirbh do shaighdear a bhith a ruith tron pholl le teachdaireachd bhiodh còin a'toirt an teachdaireachd. Bhiodh cù a' dol timcheall as deidh na sabaid a'coimhead airson saighdearan a bha air an goirteachadh. Bhiodh stuth lèigheil aige. Cuideachd bha tòrr rodainn anns na trainnsichean agus bhiodh terriers gam marbhadh. Nach eil na rudan seo a'sealltainn cho feumail 'sa tha an cù dhuinn.

Ged a tha e ag obair do chuideigin bidh ceangal làidir eadar cù agus a mhaighstir. Bha Greyfriar's Bobby cho dileas dha a mhaighstir gun do thill e dhan àite far an deach a thiodhacadh a h-uile latha airson ceithir bliadhna deug.

Tha an cù gu math feumail airson do shlàinte cuideachd. Bhon a fhuair mise an cù agam tha mi air a bhith a dol a-mach barrachd. Tha

mi air barrachd àidhear fhaighinn a' gabhail cuairt as deidh na sgoile -
ruideigin nach b' àbhaist dhomh a dhèanamh.

Tha e math dhomh cuideachd a bhith a' gabhail uallachd airson a
bhiadhadh, a' coimhead as a dhèidh agus a' toirt rudan dha ri
ionnsachadh.

Se mo mholadh dhut cù fhaighinn. Ge bith cò thu, tha mi cinnteach
gum biodh e feumail dhut a' cuideachadh nad obair neo dìreach mar
fìor dheagh charaid.